

NA DUILLEAGAN GÀIDHLIG

AIR AN CUR A-MACH AN LÙIB | LIFE AND WORK

AN T-SULTAIN | 3 | 2024

LE TAIC BHO



Facal Toisich


'S e samhradh làn spòrs a tha air a bhith againn, eadar Euro 2024 anns a' Ghearmailt (ged nach can sinn cus air mar a dh'èirich e don sgioba nàiseanta againne!) agus na Geamannan Oileampach ann am Pàras – a tha dìreach gu toiseachadh aig an àm sgrìobhaidh. Chì sinn anns na geamannan seo daoine aig àirde an neirt agus àirde an comais, a' cluich aig an ìre as àirde ann an spòrs, agus aig ìre as àirde comasan bodhag mic an duine. Chan ann a-mhàin gu bheil tàlant sònraichte aig gach aon aca, ach gu bheil iad a' cumail smachd teann orra fhèin. Chan bhidh iad ag ithe agus ag òl mar a bhios càch, agus bidh iad an còmhnaidh a' dian-obair airson fheabhais a thoirt air an cuid ruith, no leuma no snàimh.

Tha an sgrìobtar gu tric a' cleachdadh ìomhaigh an lùth-chleasaiche airson obair na beatha spioradail a chuir an cèill, m.e. Eabhraidhich 12: 1 - *ruitheamaid le foighidinn an rèis a chuireadh romhainn*, no 1 Corintianaich 9: 24 - *Nach eil fhios agaibh iadsan a tha a' ruith anns a' bhlàr-rèise, gun ruith iad uile, ach is aon duine a gheibh an duais? Guma h amhail a ruitheas sibhse, ionnas gun glac sibh an duais. Am fèin-smachd, an dian-obair, am fòcas a tha aig lùth-chleasaichean – tha iad feumail mar dhealbh air obair na beatha spioradail. Ach is e Dia an sàr-ruitheadair as cudromaiche. Tha sinn a' leughadh ann an cosamhlachd a' mhic stròdhaile gun do ruith an t-athair a dh'ionnsaigh a mhic nuair a chunnaic e e. Cha do fhàn e far an robh e, a' feitheamh air a theachd, ruith e, oir bha a ghràdh dha cho mòr, dian-ruith e airson a choinneachaidh, mar a tha ar n-Athair a' ruith dar n-ionnsaigh.*

San dealachadh, bu toil leam taing a thoirt do Liam Alastair Crouse, a co-dheasaich *Na Duilleagan Gàidhlig* còmhla rium bho 2018 gus am bliadhna, agus a rinn an t-uabhas obrach airson na h-iris. Mòran taing, Liam a charaid – agus gach beannachd ort!

Donnchadh Sneddon, Dùn Èideann

Dealbh



© Dealbh aig Wikimedia

Am bliadhna tha sinn a' comharrachadh 100 bliadhna bhon a bhuannaich Eric Liddell am bonn òr anns an rèis 400m anns na Geamannan Oileampach ann am Pàras, agus an fhianais Chrìosdaidh a thog e nuair a dhiùilt e ruith an rèis 100m air an t-Sàbaid. Tha cliù àrd aige fhathast an dà chuid ann an Alba agus ann an Sìne mar mhiseanaraidh agus ruitheadair.

Gàidhlig Shìmplidh

An chuala tu eachdraidh Eric Liddell? B' e lùth-chleasaiche ainmeil a bh' ann, a choisinn cliù mar ruitheadair, gu sònraichte anns an Geamannan Oileampach ann am Paras ann an 1924, a chionn ceud bliadhna. Rugadh e ann an Sìne ann an 1902, far an robh a phàrantan ag obair nam miseanaraidhean. B' e Crìosdaidh a bh' ann an Eric, agus on a bha e òg bhiodh e a' searmonachadh gu tric. Chuir e roimhe thilleadh a Shine na mhiseanaraidh. Aig na Geamannan ann am Paras, dhiùlt e pàirt a ghabhail san rèis 100m on a thachair e air Latha na Sàbaid. Bha sin connspaideach, ach bha meas aig mòran daoine dha air sgàth fhianais agus an neart prionsabail a nochd e. Nuair a bha an rèis a' tachairt, bha Eric a' searmonachadh anns an Eaglais Albannach anns a' bhaile. Ruith e san 400m, agus bhuannaich e am bonn òr. Thill e a Shine na mhiseanaraidh, agus fhuair e bàs ann an 1945 ann an campa cogaidh Iapanach. Tha cliù aige fhathast ann an Sìne agus ann an Alba, agus bha a sgeulachd air innse ann am fiolm ainmeil, *Chariots of Fire* ann an 1981.

lùth-chleasaiche – athlete

coisinn – earn

ruitheadair – runner

chuir e roimhe – he decided

connspaideach – controversial

air sgàth fhianais – because of his witness

Gàidhlig Chlasaigeach

R.L. Thomson, *Foirm na nUrruidheadh* (Dùn Èideann: SGTS, 1970)

Urrnaidhthe bhèg tar èis an t-Sailm roimh tSermòin

Dia Athair, Airdri na n-uile chumhacht, Athair Iosa Crìosd ar dTighearna, d'fhosgladh agus d'fhoillsiughadh ar gcroidheadh agus ar n-intindeadh d'èisteacht agus do thuigsin agus do chuir a ngnìomh a thoile naomhtha niamhghloine fèin, atà arna foillsiughadh go follas dùin a reacht ro-bheannaichte a Mhic mhòir-mhìorbhuiligh, Iosa Crìosd ar dTighearna... Na tioghlaicthe maithe-se agus gach tioghlucaidh eile imchubhaidh in-iarrata, iarrmaoid a n-ainm a Mhic ionmhuin Iosa Crìosd, ag ràdha na mbriathar-sa: Ar n-Athair-ne atà ar neamh &c.

tar èis – às dèidh

Airdri – àrd rìgh

ar gcroidheadh – ar cridheachan

imchubhaidh – iomchaidh

Leabhar Aithghearr nan Ceist, agus leabhraichean-cheist eile

Domhnall Uilleam Stiùbhart, Sabhal Mòr Ostaig

Aig aois seachd bliadhna, agus mi air mo shàrachadh a' feuchainn ris na freagairtean ann an Leabhar Aithghearr nan Ceist a sparradh agus a glèidheadh nam chuimhne, co-dhiù ach am maireadh iad an sin gu ruige madainn na Sgoil Sàbaid, cha robh mi air creidsinn gu brath gun tigeadh an latha nuair a sheasainn an àirde air beulaibh co-labhairt sgoileireil, ann an tìr chèin, agus gun lìbhriginn pàipear mun dearbh leabhar. B' e sin a dh'fhàg ann an Oilthigh Bonn mi a' mhìos seo chaidh, am measg shàr-eòlaichean 's iad a' bruidhinn agus a' deasbad mu leabhraichean-cheist bho air feadh na Roinn-Eòrpa agus na b' fhaide air falbh, eadar Graonlainn agus Siapan.

Chan eil cho fada bhuithe nuair a bhiodh freagairtean Leabhar nan Ceist—no cuid aca co-dhiù—air bilean chloinne, agus air bilean inbheach cho math, air feadh na h-Albann. Tha buaidh Leabhar nan Ceist soilleir r'a faicinn ann an creideamh, beul-aithris, litreachas, agus eachdraidh shòisealta na dùthcha: dh'fheumadh tu 'na ceistean a bhith agad'—'getting your questions'—ach an dleasadh tu àite ann an comann Eaglais na h-Albann, ri linn pòsadh, baisteadh, agus, gu seachd sònraichte, ri linn comanachadh.

B' ann bhon Bheurla Ghallda a fhuair Leabhar nan Ceist 'ainm. Chanadh na Goill carritch ris a' catechism (an dùil an e cleasachd fhacal a dh'fhàg am far-ainm Caraid nan Gàidheal air an Urr. Tormod MacLeòid?), ach bha ainm eile aig an t-sluagh air cuideachd: the question book. Dh'fhàs an dearbh ainm gnàthaichte 'nar measg-ne cuideachd, ach cha do nochd Leabhar nan Ceist mar thìotal air an leabhar fhèin gu ruige an dàrna leth den ochdamh linn deug. Ron sin, b' e Foirceadul a leughadh tu air an duilleig-aghaidh, seann fhacal a' ciallachadh 'oideachadh' no 'teagasg'.

'S e eadar-theangachadh bhon Shorter Catechism Bheurla a th' ann an Leabhar Aithghearr nan Ceist, leabhar-teagaisg chloinne air a' chiad dol a-mach. Chaidh am breacadh tùsail Beurla ullachadh eadar 1646 agus 1647 fo sgèith a' cho-chruinneachaidh mhòir de dhiadhairean a thàinig còmhla ann an Iar-mhainistir, Lunnainn, 's iad an dùil rèite a dhèanamh eadar eaglaisean na h-Albann agus Shasainn. Gu dearbh, bho linn an Ath-leasachaidh air adhart, chaidh iomadach leabhar-cheist eile, beag agus mòr, a chur ri chèile agus fhoillseachadh anns na deifir thraidiseanan Crìosdaidh, 'nam measg feadhainn ainmeil le Màrtainn Lutair agus Eòin Cailbhin air an taobh Phròstanach, agus, air an taobh Chaitligeach, leabhrach-cheist le Peadar Canisius agus Raibeart Bellarmine. Chaidh leabhraichean-cheist eadar-theangachadh gu iomadach cànan air feadh an t-saoghail, le clèir stèidhichte agus le teachdairean-siubhail. Ach bha gach uile leabhar a' compàirteachadh anns an aon rùn: bun-phrionnsalan a'

chreideimh a theagasg dhan t-sluagh, aig deifir ìrean de shìmplidheachd no de dhoimhneachd, tro mheadhan ceist agus freagairt.


Bho chionn grunn bhliadhnachan a-nis, tha ùidh air a bhith a' fàs am measg sgoilearan anns a' ghnè leabhraichean-cheist. Air an aon làimh, tha na teacsaichean ud a' cumail ris an aon phàtran bhunaiteach: ceist, freagairt, ceist, freagairt; air an làimh eile, tha iad a' leigeil fhaicinn dhuinn deifir chleasan agus deifir innleachdan a dh'ùisnicheadh eadar-theangadairean ann a bhith a' strì rin cuid theachdaireachdan-creideimh a lìbhrigeadh—agus ath-obrachadh—airson luchd-leughaidh agus luchd-èisteachd bho chultaran, agus bho chreideamhan, eile. Ciamar a mhinicheadh iad coincheapan a bha bunaiteach dhan chreideamh Chrìosdaidh—na sàcramaidean-eaglaise, na deich àithnntean, peacadh agus ciont Adhaimh, dìomhaireachd pearsachan na Trianaide, eadhan am beachd gun robh aon Chruithear uile-chumhachdach ann, 'neo-chrìochnaichte, bith-bhuan, neo-chaochlaideach'—dha sluaghan coimheach nach cuala a-riamh an leithid, aig nach robh, gu ruige sin co-dhiù, facail, ainmean, bun-bheachdan, no feallsanachd dhùthchasach a bhiodh freagarrach airson an teachdaireachd ùr àraid a chur an cèill? Mar sin, b' fheudar dha na h-eadar-theangadairean cothrom àilleasach a chumail eadar brìgh an leabhair-cheist thùsail, agus na bha comasach agus ceadaichte dhaibh a rèir cànan, cultar, agus dòighean-seallaidh nan sluaghan air an robh iad ag amas. Anns an latha an-diugh, 's e raon sgoileireil cuibhseach torrach a th' ann an leabhraichean-cheist dha eòlaichean aig a bheil ùidh ann an eachdraidh agus diadhachd na h-eaglaise, ann an cànanachas, no gu dearbh ann an obair eadar-theangachaidh anns an fharsaingeachd. Aig bun, 's e cho cumanta agus àbhaisteach 's a bha na leabhraichean-cheist ann am beatha làitheil an t-sluaigh a dh'adhbhraicheas cho prìseil 's a tha iad mar thùs dha luchd-rannsachaidh co-aimsireil.

Anns an ath iris, bheir mi seachad geàrr-chunntas air eachdraidh thràth Leabhar Aithghearr nan Ceist ann an Gàidhlig na h-Albann.

Lèirmheas leabhair

Linden Bicket, Emma Dymock agus Alison Jack (deas.),
Scottish Religious Poetry from the sixth century to the present: An Anthology (Dùn Èideann: Saint Andrew Press, 2024).
326 tdd. £25

Chaidh a' chiad deasachadh dhen duanaire seo fhoillseachadh ann an 2000, agus tha e air a bhith a-mach à clò fad bliadhnaichean. Ghabh an luchd-deasachaidh an cothrom chan ann a-mhàin deasachadh ùr fhoillseachadh, ach dàin a bharrachd a chuir ris, le Catrìona NicGumaraid, Meg Bateman agus Niall O' Gallagher am measg na feadha a bhios ri bàrdachd sa Ghàidhlig. San leabhar, tha bàrdachd sa Ghàidhlig (le eadar-theangachadh), Beurla Ghallda agus Beurla, agus



eadar-theangaidhean on Laideann, Seann Lochlannais agus Seann Ghàidhlig. A' toirt sùil gu sònraichte air na dàin sa Ghàidhlig chithear gu bheil diofar eaglaisean air an riochdachadh – le bàird a bha an sàs ann an Eaglais na h-Alba, an Eaglais Shaor, an Eaglais Easbaigeach, an Eaglais Chaitleagach – agus gu bheil bàird ann nach robh nan creidmich ach a bheachdaich air creideamh (leithid Iain Mac a' Ghobhainn agus Dòmhnall MacAmhlaigh). Tha bàird ann a tha ainmeil agus aithnichte do luchd na Gàidhlig, mar eisimpleir Rob Donn, Dughall Bochanan, Sìleas na Ceapaich agus an t-Athair Ailean Dòmhnallach, agus tha dàin ann ris am biodh sibh an dùil ann leabhar dhen lethid seo (“Leanach an Àigh”, “Luinneag Anna Nic Ealair”), agus tha ùrnaighean bho *Carmina Gadelica* ann cuideachd. Tha cuid ann nach eil cho aithnichte san latha a th' ann, leithid dithis on t-seachdamh linn deug, Donnchadh MacRaoiridh agus Donnchadh nam Pìos (pìos an seo a' ciallachadh *cuach*, chan e *ceapaire!*).

'S e cruinneachadh farsaing a tha seo, le dàin mholaidh agus mìneachadh air diadhachd ri taobh teagamh, ùrnaighean do naoimh ri taobh diadhachd Chalbainn, a' nochdadh dealbh air eachdraidh creideamh na h-Alba – An t-Ath-leasachadh, Briseadh na h-Eaglaise, na meadhan aoisean agus iar-nuadh-aimsireachd (saoil a bheil facal nas fhasa sa Ghàidhlig air *post-modernity?*). Mholainn an leabhar seo mar ghoireas airson seirbheisean agus coinneamhan ùrnaigh, ach cuideachd mar dhàin a bhrosnachas meòrachadh air creideamh, agus air eachdraidh agus leasachadh creidimh ann an Alba tro na linntean, agus sinn san latha a th' ann ann an còmhradh ris na bàird a chaidh romhainn.



AM FEAR-DEASACHAIDH

Ma tha sibh airson naidheachdan no beachdan a chur dhan Sgioba Deasachaidh, faodar post-d a chur gu sneddon.duncan@gmail.com.

Adhbhar gàire

Às dèidh na seirbheise aon latha chaidh balach òg a bhruidhinn ris a' ministear.

"An tuirt sibh san t-searman," dh'fhaighnich e, "gur ann on duslach a tha sinn a' tighinn an toiseach?"

"Thuirt, thuirt a bhalaich, tha sin ceart," ars' am ministear.

"Agus an tuirt sibh cuideachd gu bheil ar cuirp a' tilleadh dhan duslach as dèidh ar bàis?"

"Thuirt, thuirt, tha sin fìor cuideachd," ars' am ministear.

"Uill nach tig sibh dhan taigh againn gus sùil a thoirt fom leabaidh, oir tha cuidegin an dàrna cuid a' tighinn no a' falbh an siud!"

Laoidh

Rannan bhon dàn ainmeil "Anna Nic Ealair" (c. 1800?).
Gheibhar an dàn air fad san duanaire ùr, *Scottish Religious Poetry from the Sixth Century to the Present*.

Is ann am bothan bochd a' bhròin
A chuir mi eòlas ort an toiseach;
As thug mi thu gu tigh mi mhàth'r
'S an d' rinn mi d' àrach car tamuill.

'S e do ghaol-sa, a ghaoil,
'S e do ghaol-sa rinn mo tharruing;
'S e do ghradh-sa, a ruin,
Rinn mo dhùsgadh 's a' mhadainn.

Tha thu mar dhubhar carraig mhòir
Am fearann sgìth is mi làn air sneil;
'N uair a thionndaidh riut mo shùil
'S ann bha thu an rùn mo ghlacadh.

'S ann a thuig dhomh do ghaol
Fo dhubhar craobh an aiteil;
As comh-chomhann do rùn
Ann an gàradh nan ubhall.

Is millse leam do ghaol na'm fion,
Seam am fion, 'nuair is treis' e,
'S 'n uair a thug thu dhomh do ghràdh
'S ann a dh' fhàilnich mo phearsa.

Ùrnaigh

Thigeam an-diugh dhan Athair,
Thigeam an-diugh dhan Mhac,
Thigeam an-diugh dhan Spiorad neartmhor naomh,
Thigeam an-diugh le Dia,
Thigeam an-diugh le Crìosd,
Thigeam le Spiorad iocshlàint chaomh.

Dia, agus Spiorad, agus Ìosa,
Bho mhullach mo chinn,
Gu iochdar mo bhonn;
Thigeam le mo chliù,
Falbham le mo theasd,
Thigeam thugad, Ìosa –
Ìosa, dèan mo leasd.
Carmina Gadelica